

Ro-innleachd Co-ionannachd, Iomadachd agus In-ghabhaltachd 2022-2025

Facal-tòiseachaidh

Tha pàirt ro-chudromach aig Puirt-adhair na Gàidhealtachd is nan Eilean (HIAL) ann an lionra còmh-dhail na h-Alba, ag obair ann an sgìre mhòr, le puirt-adhair roinneil ann am Barraigh, Beinn na Faoghla, Ceann Loch Chille Chiarain, Dùn Dè, Inbhir Nis, Ìle, Kirkwall, Steòrnabhagh, Sumburgh, Tiriodh, agus Inbhir Ùige Taigh Iain Ghròt.

Tron luchd-obrach tha na puirt-adhair a' toirt seachad ceangailteachd ro-chudromach agus a' dèanamh cinnteach gu bheil seirbheisean adhair loidhne-teasairginn agus deatamach ag obair airson cuid de na coimhearsnachdan as iomallaiche ann an Alba.

Tha na daoine againn eadar-mheasgte a thaobh cruinn-eòlas agus cultar. Tron ro-innleachd seo agus tro na planaichean gnìomha a tha mar bhunaidh dhi, tha e na amas dhuinn àrainneachd a chruthachadh a chumas taic ri iomadachd aig gach ìre.

Tha an ro-innleachd seo ag amas air HIAL an dà chuid mar fhaisteach agus mar phrìomh sholaraidhe de sheirbheisean còmh-dhail dhan phoball. Cumaidh e taic ri libhrigeadh Phlana nan Daoine agus cuidichidh e le bhith dèanamh cinnteach gu bheil Buidheann HIAL a' libhrigeadh seirbheisean custamair aig ìre na cruinne do muinntir na sgìre, gnìomhachasan, luchd-tadhail agus daoine eile a tha a' cleachdadh nam port-adhair againn.

Tha ceithir colbhan anns an Ro-innleachd Co-ionannachd, Iomadachd agus In-ghabhaltachd againn. Tha na colbhan seo a' togail air a' mhion-fhiosrachadh ann an Ro-innleachd HIAL a tha a'

suidheachadh nam prìomhachasan againn a thaobh prìomhachasan dhaoine agus tha frèam Creideas nar Cosnaidhean (IIP) a' cumail taic ri seo cho math ri bhith a' ruigsinn nan inbhean as àirde 's a ghabhas ann an stiùireadh dhaoine.

Tha Ro-innleachd HIAL cuideachd a' mineachadh nam prìomhachasan againn gus seirbheisean custamair agus gnìomhachdan aig ìre cruinne a libhrigeadh. Tha seo a' gabhail a-steach slat-tomhais tro sgeama Càileachd Seirbheisean a' Phuirt-adhair aig Comhairle Eadar-nàiseanta nam Port-adhair, prògram a tha cliùiteach agus stèidhichte air feadh an t-saoghail a tha a' tomhas sàsachadh an luchd-siubhail fhada 's a tha iad a' siubhail tro phort-adhair.



A. Sillars

Andrea Sillars
Stiùiriche Goireasan Daonna

Colbhan ro-innleachdail

1. A' tàladh agus a' taghadh sgioba-obrach eadar-mheasgte

- Obraichidh sinn le sgiobaidhean speisealach gus raon farsaing de thagraichean a bhrosnachadh agus cleachdaidh sinn an dàta fastaidh againn gus dèanamh cinnteach gu bheil ar dòigh-obrach a thaobh tàladh is taghadh a' cur às do chlaonadh sam bith.
- Nì sinn cinnteach gun tèid dèiligeadh ri gearanan sam bith mu leth-bhreith gu luath agus gu cothromach.

2. A bhith nar fhaisteach dha bheil daoine airson a bhith ag obair dhan luchd-obrach uile againn

- Brosnaichidh sinn a h-uile neach-obrach gus faireachdainn de bhuinteanas a bhith aca gus gabhail ris na luachan againn a thaobh fosgarrachd, spèis agus ùr-ghnàthachadh.
- Tha sinn air gealltainn gun dèan sinn cinnteach gum faigh an luchd-obrach air fad tuarastal co-ionann airson obair den aon luach agus a bhith a' toirt air adhart iomairtean a bheir taic do lùghdachadh anns a' Bheàrn Tuarastal Gnè againn.
- Brosnaichidh sinn deagh chultar obrach agus leanaidh sinn oirnn a' brosnachadh dhàimhean cruthachail tro phoileasaidhean agus chleachdaidhean a tha taiceil do luchd-obrach agus sgeamaichean barrantachaidh adhartachadh.
- Comharraichidh sinn iomadachd agus bheir sinn taic do cho-obraichean gus am bi iad a' faireachdainn misneachail mu bhith gan giùlan fhèin san dòigh aca fhèin aig an obair.

3. A' dèanamh cinnteach gu bheil deagh eòlasan aig an luchd-siubhail againn uile

- Nì sinn cinnteach gu bheil na sgìlean aig ar luchd-obrach air fad gus cùram custamair sàr-mhath a libhrigeadh agus gu bheil iad misneachail agus fiosrachail nuair a bhios iad a' bruidhinn mu cho-ionannachdan ris na custamairean againn.

- Nì sinn measadh air na goireasan agus na seirbheisean againn a thaobh a' chomais aca buaidh a thoirt air daoine a thaobh nam feartan dìonta aca gus an gabh iad sin a thuigsinn, agus gus gnìomhan lasachaidh a ghabhail gus ruigsinneachd a leasachadh agus gus ar bun-structair àrdachadh agus taic do luchd-siubhail aig a bheil feumalachdan a bharrachd.
- Nì sinn cinnteach gum faigh a h-uile duine cothrom air seirbheisean, conaltradh, agus fiosrachadh bho HIAL anns na dòighean as fheàrr a fhreagras air na feumalachdan aca.

4. A' com-pàirteachadh le daoine bho Bhuidhnean Dìonte gus Piseach a thoirt air ar Seirbheisean

- Obraichidh sinn le ar Comataidhean Co-chomhairleachaidh Puirt-adhair gus dàimhean co-obrachail a thogail le coimhearsnachdan stèidhichte air earbsa agus spèis gus an cuidich an guthan le bhith a' cumadh seirbheisean puirt-adhair ionadail.
- Stèidhichidh sinn dàta càileachdail is uimhreachail air co-ionannachd agus in-ghabhail gus tuigse làidir a thoirt dhuinn air na diofar eòlasan a tha mu choinneamh nan custamairean againn. Cleachdaidh sinn an dàta seo agus fios air ais bho luchd-cleachdaidh gus cnapan-starra a chomharrachadh agus a thoirt air falbh a dh'fhaodadh ruigsinneachd air ar seirbheisean a bhacadh no a chuingealachadh.
- Bidh sinn a' dol an sàs le buidhnean ionadail a bhios a' riochdachadh an fheadhainn le feumalachdan a bharrachd nuair a bhios sinn ag ath-dhealbhadh no a' leasachadh ghoireasan gus dèanamh cinnteach gu bheil na seirbheisean againn air an toirt seachad ann an dòighean a tha iomchaidh a rèir am feumalachdan.

Ar Luachan

Tha na luachan againn aig cridhe gach rud a nì sinn agus mar a nì sinn e. Tha iad a' mìneachadh cò sinn; na tha sinn a' sùileachadh bho chèile agus bhuainn fhìn; mar a bhios sinn ag eadar-obrachadh le chèile agus mar a bhios sinn ag eadar-obrachadh le ar custamairean, coimhearsnachdan agus luchd-ùidh eile.



Tha HIAL air rùnachadh cultar companaidh a bhith ann far a bheil an luchd-obrach air fad a' faireachdainn gu bheil spèis ga cur annta agus gu bheil iad a' creidsinn gu bheil a' chompanaidh a' co-roinn fiosrachadh ann an dòigh fhosgailte a bhrosnaicheas sealbh aig an neach fa leth air an cuid obrach agus a bhrosnaicheas ùr-ghnàthachadh agus sàr-mhathas.

An co-theacsa co-ionannachd, iomadachd agus in-ghabhaltachd againn

Achd na Co-ionannachd 2010

Tha Achd Co-ionannachd 2010 a' dìon dhaoine gu laghail bho leth-bhreith san àite-obrach agus sa chomann-shòisealta san fharsaingeachd. Tha e a' toirt còmhla còrr is 116 pìosan reachdais fa-leth ann an aon Achd shingilte agus a' toirt seachad frèam laghail gus còraichean dhaoine a dhìon agus co-ionannachd chothroman adhartachadh do na h-uile.

Is e amas Achd na Co-ionannachd daoine fa leth a dhìon bho làimhseachadh mì-chothromach agus a bhith a' brosnachadh comann-shòisealta a tha cothromach agus nas co-ionainne.

Is iad seo na naoi prìomh phìosan reachdais a thàinig còmhla ann an Achd na Co-ionannachd 2010:

- Achd a' Phàighidh Cho-ionann 1970
- Achd Leth-bhreith a thaobh Gnè 1975
- Achd an Dàimh Chinnidh 1976
- Achd Leth-bhreith Ciorramachd 1995
- Riaghailtean Co-ionannachd Cosnaidh (Creideamh no Feallsanachd) 2003
- Riaghailtean Co-ionannachd Cosnaidh (Taobhadh Feise) 2003
- Riaghailtean Co-ionannachd Cosnaidh (Aois) 2006
- Achd na Co-ionannachd 2006, Pàirt 2
- Riaghailtean Achd na Co-ionannachd (Taobhadh Feise) 2007

Tha rùn aig HIAL àrainneachd àite-obrach a chruthachadh far am bi a h-uile duine a' faireachdainn gu bheil spèis agus taic aca agus gum bi co-ionannachd chothroman air an nochdadh ann am prionnsapal agus ann an cleachdadh.



An co-theacsa co-ionannachd, iomadachd agus in-ghabhaltachd againn

1. Fastadh

Riaghaltas na h-Alba

Dh'fhoillsich Riaghaltas na h-Alba an Aithisg Builean agus Àbhaisteachadh Co-ionannachd aige ann an 2019. Tha an aithisg seo a' gealltainn gum bi Alba na dùthaich a tha air thoiseach air càch a thaobh Obair Chothromach ro 2025 far a bheil còir aig a h-uile duine air co-ionannachd chothroman agus far a bheil e comasach dhaibh an làn chomas a choileanadh saor bho na cnapan-starra a tha a' cur bacadh air coileanadh mhiannan.

Obair Chothromach Riaghaltas na h-Alba

Dh'fhoillsich Riaghaltas na h-Alba Plana Gniomh Obair Chothromach ann an 2019. Tha am frèam seo a' comharrachadh Guth Èifeachdach, Cothrom, Tèarainteachd, Coileanadh agus Spèis mar phrìomh chòibhan Obair Chothromach agus tha HIAL ag aontachadh ris na prionnsabalan obair cothromach seo.

Guth Èifeachdach

Tha HIAL air rùnachadh cultar companaidh a bhith ann far a bheil an luchd-obrach air fad a' faireachdainn gu bheil spèis ga cur annta agus gu bheil iad a' creidsinn gu bheil a' chompanaidh a' co-roinn fiosrachadh ann an dòigh fhosgailte a bhrosnaicheas sealbh aig an neach fa leth air an cuid obrach agus a bhrosnaicheas ùr-ghnàthachadh agus sàr-mhathas.

Tha HIAL ag aithneachadh trì aonaidhean ciùird (Prospect, PCS agus Unite). Tha ballrachd aonaidhean-ciùird àrd le mu 75% de luchd-obrach nam ball de dh'fhear de na h-aonaidhean aithnichte.

Tha a' Chompanaidh na bhuidheann le inbhe Creideas nar Cosnaidhean agus ni i sgrùdadh luchd-obrach bliadhnail. Tha na toraidhean air am foillseachadh airson an luchd-obrach air fad agus tha plana gnìomh leantainneach ann gus aghaidh a chur air cùisean a chaidh ainmeachadh ann an suirbhidh an luchd-obrach. Tha toraidhean suirbhidh an luchd-obrach air an comharrachadh an coimeas ris a' bhliadhna roimhe gus raointean leasachaidh a chomharrachadh.

Cothrom

Tha HIAL gu mòr airson ùr-ghnàthachadh agus sàr-mhathais agus tha clàr-gnothaich aige airson leasachadh leantainneach a bhrosnachadh. Tha cruth-atharrachadh didseatach na phrìomhachas le riaghladh dàta nas fheàrr mar phrìomhachas gus leigeil leinn piseach a thoirt air mar a ni sinn co-dhùnaidhean. Tha seo a' gabhail a-steach sgrùdadh co-ionannachd gus cur às do chnapan-starra a thaobh fastadh, leasachadh agus adhartas dreuchdail.

Tèarainteachd

Tha seata de phoileasaidhean agus pròiseasan HR aig HIAL a tha ag amas air taic a thoirt do luchd-obrach tron t-slighe cosnaidh aca. Tha iad sin a' gabhail a-steach raon de roghainnean obrach sùbailte is measgaichte.

Tha a' Chompanaidh air aithneachadh mar fhastaiche Tuarastal bith-beò agus tha i a' cuingalachadh cleachdadh chùmhnanntan neoni uairean a thide.

Far a bheil iad sin gan cleachdadh ann an comas cuibhrichte, tha prìomhachas aig an luchd-obrach sin nuair a thathar a' sanasachadh cùmhnanntan le uairean stèidhichte.

Tha a' Chompanaidh cuideachd air barantas fhaighinn mar fhastaiche le Sgeama Misneachail le Ciorram agus mar fhastaiche a tha Taiceil do Luchd-cùraim.

Riarachadh

Tha measgachadh farsaing de dh'fheumalachdan agus de mhiannan aig daoine aig an cuid obrach agus gheibh daoine brìgh bho dhiofar rudan. Faodaidh faireachdainn de choileanadh èirigh bho dhàimhean matha agus taiceil san àite-obrach a bhrosnaicheas faireachdainn de bhuinteanas agus faodaidh a' bhuidheann a dhol nas fhaide na an àite-obrach le bhith buannachdail dhan eaconamaidh agus dhan chomann-shòisealta gu h-iomlan.

Tha an luchd-obrach againn a' dol leis a' mhisean againn agus a' dol mìle a bharrachd gus taic a thoirt dhan t-seirbheis loidhne-teasairginn a tha air a libhrigeadh do na coimhearsnachdan iomallach againn.

Spèis

Tha spèis na prìomh luach aig a' chompanaidh. Ann am buidheann far a bheil sàbhailteachd aig cridhe na bhios sinn a' dèanamh tha dùilean soilleir mu ghiùlan an luchd-obrach air fad. Tha Frèam Comais againn a tha a' mineachadh nam prìomh raointean comais a bharrachd air na dòighean-giùlain ris a bheil dùil bhon luchd-obrach air fad gus dèanamh cinnteach gu bheil a h-uile duine a' toirt seachad freagairt iomchaidh agus fiosraichte dhan luchd-ceannach agus luchd-ùidh againn.

Tha na Prionnsapalan Obair Chothromach seo cuideachd rim faicinn ann an Ro-innleachd Slàinte, Sàbhailteachd agus Sunnd HIAL.

Pàigheadh Co-ionann

Fo Achd na Co-ionannachd 2010, tha còir aig boireannaich agus fireannaich air pàigheadh co-ionann airson obair le luach co-ionann; tha seo a' buntainn ris a h-uile neach-obrach co-dhiù tha inbhe làn-ùine no pàirt-ùine aca, cùmhnannt sealach no maireannach, agus a dh'aindeoin fad na seirbheis aca.

Tha HIAL air aithris Pàighidh Co-ionann fhoillseachadh a tha ag aithneachadh cho cudromach 's a tha co-ionannachd agus a bhith a' cur luach air iomadachd. Tha a' Chompanaidh airson dèanamh cinnteach gun tèid dèiligeadh gu cothromach ris a h-uile neach-obrach ge b' e dè an aois, cinneadh (a' gabhail a-steach nàiseantachd, tùs cinneachail no nàiseanta), ciorram, taobhadh feise, gnè (a' gabhail a-steach ath-shònrachadh gnè), inbhe pòsaidh no creideamh no feallsanachd. Tha an dòigh-obrach againn a thaobh tuarastalan a rèir riatanasan Achd na Co-ionannachd 2010 agus coileanadh sinn na dleasan againn fo Aithrisean air Bèarnan Pàighidh Gnè.

Ni sinn cinnteach cuideachd gun gabhar ri gealltanasan 'Tuarastal Bith-beò' Riaghaltas na h-Alba.

An co-theacsa co-ionannachd, iomadachd agus in-ghabhaltachd againn

2. Libhrigeadh Sheirbheisean

Ar custamairean agus libhrigeadh seirbheis

Tha HIAL a' dèanamh a dicheall gus seirbheis custamair aig ìre na cruinne a libhrigeadh far a bheil spèis agus taic do na custamairean againn nuair a bhios iad a' siubhal tro na puirt-adhair againn no nuair a bhios iad ag eadar-obrachadh leis na sgiobaidhean againn.

Roinn na Còmhdhail

Ann an 2019 dh'fhoillsich Roinn na Còmhhdhalach 'Transport for Everyone: an action plan to promote equality.' Tha an sgrìobhainn seo ag aideachadh gu bheil còmhdhail a' toirt buaidh air ar beatha gu lèir agus ged a tha e ag amas air siubhal bus is rèile tha e ag aithneachadh gu bheil gach seòrsa de chòmhdhail poblach a' cur ri fàs eaconamach ann an dòigh chudromach.

Agus iomadachd a' chomainn-shòisealta againn a' fàs, feumaidh seirbheisean còmhdhail atharrachadh a rèir nam feumalachdan eadar-dhealaichte againn uile.

Ùghdarras Itealanachd Shìobhalta

Tha HIAL air a riaghladh le Ùghdarras an Itealaich Chatharra (CAA). Tha an CAA mothachail air a' bhuidhe a dh'fhaodadh a bhith aig na poileasaidhean agus co-dhùnaidhean aca, a rèir Dleastanas Co-ionannachd na Roinne Poblach agus air mar as urrainn dhaibh an dleastanas mar riaghlaidhe a chleachdadh gus atharrachadh adhartach a thoirt gu buil ann an raon farsaing de raointean.



Fhad 's a tha iad a' dèanamh na h-obrach aca mar riaghladair nan seirbheisean adhair catharra airson na RA, feumaidh an CAA aire iomchaidh a thiornt do Dhleastanas Co-ionannachd na Roinne Poblach:

- A bhith a' cur às do leth-bhreith, sàrachadh agus fòirneart mi-laghail a bharrachd air giùlan eile a tha air a thoirmeasg leis an Achd.
- A bhith a' cur air adhart co-ionannachd cothrom eadar daoine aig a bheil feart dìonta agus an fheadhainn aig nach eil.
- A bhith ag àrach deagh dhàimhean coimhearsnachd eadar daoine aig a bheil feart dìonta agus daoine aig nach eil.

Tha an CAA an dùil gum beachdaich buidhnean a bhios iad a' riaghladh air mar a chuireas iad ris na dleastanasan co-ionannachd agus gum bi iad for-ghnìomhach ann a bhith a' coileanadh nan amasan sin.

Riaghaltas na h-Alba

A' Ghàidhlig

Chaidh Achd na Gàidhlig (Alba) 2005 aontachadh le Pàrlamaid na h-Alba gus inbhe na Gàidhlig a dhaingneachadh mar chànan oifigeil ann an Alba aig a bheil spèis cho-ionann ris a' Bheurla. Tha gealltanas aig Riaghaltas na h-Alba gus taic a chumail ris a' Ghàidhlig agus tha e ag amas air dèanamh cinnteach gu bheil an fheadhainn a tha airson tighinn beò tron chànan a' faighinn cothroman gus sin a dhèanamh.

Tha Plana Gàidhlig aig HIAL gus taic a chumail ri dealas Riaghaltas na h-Alba a thaobh na Gàidhlig.

Taic do choimhearsnachdan eileanach

Tha Achd nan Eilean (Alba) 2018 a' toirt a-steach ceumannan gus taic agus cuideachadh gus na feumalachdan sònraichte aig eileanan na h-Alba a choileanadh aig an àm seo agus san àm ri teachd. Tha an Achd ag amas air an àrainneachd cheart a chruthachadh airson fàs seasmhach agus coimhearsnachdan le cumhachd.

Tha HIAL a' toirt seachad goireasan puirt-adhair ann an seachd àiteachan eileanach: Arcaibh, Barraigh, Beinn na Faoghla, Ìle, Leòdhas, Sealtainn agus Tìrìodh agus tha e a' tuigsinn cho cudromach 's a tha e a bhith a' cumail taic ri seirbheisean deatamach do na coimhearsnachdan iomallach seo.

Tha HIAL a' tuigsinn an ròil a th' aige mar fhaisteach cudromach taobh a-staigh gach tè de na coimhearsnachdan sin agus cho cudromach 's a tha e a bhith a' toirt seachad cosnadh tèarainte le deagh phàigheadh ann an coimhearsnachdan cugallach.

Amasan agus cinn-uidhe na Ro-innleachd

Tha an ro-innleachd seo a' cur air adhart a' phlana againn gus taic a thoirt do choileanadh ro-innleachd HIAL agus a' cuimseachadh air na n-amasan againn.

Is iad na h-amasan againn:

- Gus seirbheis custamair aig ìre na cruinne a libhrigeadh, a' tabhann eòlas proifeasanta ach pearsanta do muinntir an àite, gnìomhachasan ionadail, luchd-tadhail agus eile.
- Gus luchd-obrach àrd-inbhe a thàladh agus a chumail fhad agus a bhith cuideachd a' toirt seachad cultar obrach adhartach agus poileasaidhean agus cleachdaidhean a tha taiceil do luchd-obrach.

Leanaidh an dòigh-obrach Co-ionannachd, Iomadachd agus In-ghabhaltachd againn na prionnsabalan a leanas, a tha a rèir luachan HIAL.

Fosgailte agus follaiseach

Bidh sinn a' toirt raon de phoileasaidhean co-cheangailte ri co-ionannachd agus iomadachd dhan luchd-obrach againn a tha a' toirt dhaibh an fhiosrachaidh as coileanta mun bhuidhinn againn agus mun dòigh-obrach againn a thaobh a bhith a' riaghladh shuidheachaidhean far am faodadh iad a bhith feumach air taic a bharrachd airson nan dùbhlann sunnd sònraichte a dh'fhaodadh a bhith orra.

Dà shligheach

Tha co-ionannachd, iomadachd agus in-ghabhaltachd an urra ris a h-uile duine.

Thèid a h-uile co-dhùnadh a dhèanamh tro lionsa co-ionannachd, iomadachd agus in-ghabhail agus bidh ar poileasaidhean, modhan-obrach agus seirbheisean air an atharrachadh mar a dh'fheumar gus droch bhuaidh sam bith a lasachadh.

Feumaidh luchd-obrach agus manaidsearan uile aontachadh trèanadh iomchaidh a dhèanamh agus poileasaidh agus stiùireadh na Companaidh a leantainn a thaobh cùisean co-ionannachd, iomadachd is in-ghabhaltachd. Bu chòir do gach neach a bhith a' faireachdainn fiosrachail agus misneachail nuair a tha cùisean co-ionannachd is iomadachd mu an coinneamh.



Air a libhrigeadh ann an Com-pàirteachas

Tha sinn airson na h-ìrean as àirde de sheirbheisean custamair a thoirt seachad. Obraichidh sinn ann an com-pàirteachas le coimhearsnachdan ionadail, a' dol an sàs ann an conaltradh cunbhalach agus a' cleachdadh measgachadh de dhòighean conaltraidh a tha air an dealbhadh gus na feumalachdan aig coimhearsnachdan measgaichte a choileanadh. Cumaidh sinn còmhraidhean cunbhalach far am bi sinn ag èisteachd agus a' cur fios air ais an gnìomh. Mar thoradh air sin, thèid na seirbheisean againn atharrachadh gus am bi iad a rèir feumalachdan nan coimhearsnachdan eadar-mheasgte againn.

Comharraichidh sinn iomadachd nan diofar sgìrean far a bheil na puirt-adhair againn, a' brosnachadh iomairtean coimhearsnachd, a' comharrachadh thachartasan ionadail, agus a' brosnachadh àraidheachd nan àiteachan.

Tha HIAL ag obair ann an com-pàirteachas leis na trì aonaidhean ciùird aithnichte aige; Prospect, PCS agus Unite. Bidh HIAL ag obair gu dlùth leis na h-aonaidhean ciùird gus taic a thoirt do luchd-obrach a thaobh gach cùis cosnaidh a' gabhail a-steach cùisean sònraichte co-cheangailte ri co-ionannachd agus iomadachd.

Tha riochdairean aonaidhean-ciùird air am fastadh gus ùidhean agus draghan an co-obraichean a riochdachadh air cùisean sònraichte a bheir buaidh air co-ionannachd, iomadachd is in-ghabhaltachd luchd-obrach.

For-ghnìomhach agus cùramach

Tha sinn ag aithneachadh cho cudromach 's a tha fios air ais bho luchd-cleachdaidh gus ar cuideachadh le bhith a' libhrigeadh nan seirbheisean as fheàrr do chustamairean. Le bhith a' tionail, a' cumail sùil air agus a' gabhail cheuman stèidhichte air fios air ais bho na custamairean againn, is urrainn dhuinn ar bathar agus seirbheisean a dhealbhadh, a libhrigeadh agus a leasachadh stèidhichte air gnàth-eòlasan an luchd-cleachdaidh, agus air na feumalachdan agus na dùilean aca.

Cleachdaidh sinn na beachdan air ais a gheibh sinn gus sùil a chumail air a' choileanadh againn gus piseach leantainneach a thoirt air na seirbheisean againn. Far a bheil libhrigeadh seirbheis nas àirde na bha dùil, co-roinnidh sinn deagh chleachdadh agus far a bheil libhrigeadh seirbheis sam bith nas ìsle na bha dùil, gabhaidh sinn ceuman tràth gus a cheartachadh.

Na Prìomhachasan Ro-innleachdail againn

Tha na daoine againn aig cridhe HIAL, agus tha e an urra rinn dèanamh cinnteach gun ruith sinn lìonra phort-adhair sàbhailte agus fàilteach aig na h-ìrean proifeiseanta as àirde.

Is e ar n-amas àrainneachd obrach adhartach a cruthachadh le cleachdaidhean cosnaidh taiceil agus pasganan a fhreagras ri miannan an luchd-obrach againn san àm ri teachd. Tha sinn airson gum bi ar cultar obrach adhartach air a nochdadh ann an deagh thuras dhan luchd-siubhail agus gum bi ar dealas a thaobh co-ionannachd, iomadachd, agus in-ghabhail aig cridhe na seirbheis a bheir sinn seachad do na custamairean agus do na cliantan uile againn.

Bidh fòcas aig an ro-innleachd againn air a bhith:

A' brosnachadh co-ionannachd agus iomadachd san àite-obrach

Is e ar n-amas a bhith a' cruthachadh:

- luchd-obrach eadar-mheasgte le bhith a' fastadh raon eadar-mheasgte le bhith a' fastadh raon eadar-mheasgte de thagraichean.
- àiteachan obrach far a bheilear a' toirt air falbh bacaidhean agus far a bheil cultar in-ghabhalach a' ciallachadh gu bheil luchd-obrach a' faireachdainn gu bheil iad a' faighinn deagh thaic.
- feach-obrach le cultar in-ghabhalach a tha a' brosnachadh co-obrachadh, sùbailteachd agus cothromachd agus a leigeas le luchd-obrach an làn chomas a choileanadh.

Tha ceannardan a thuigeas an dreuchdan agus dleastanasan gu soilleir agus a tha a' gabhail sealbh agus làn chunntalachd air cùisean co-ionannachd, iomadachd is in-ghabhaltachd ro-chudromach ma tha soirbheachas gu bhith ann.

Dearbhaidh ceannardas misneachail a thaobh co-ionannachd agus iomadachd dhan luchd-obrach agus do dhaoine eile a bhios a' conaltradh rinn gu bheil seo na àrd phrìomhachas agus gu bheil e na phàirt deatamach ann a bhith a' cur ri cultar adhartach agus in-ghabhalach.

Ni daoine le deagh thrèanadh aig gach ìre den Chompanaidh cinnteach gu bheil a h-uile duine a' tuigsinn nan dleastanasan co-ionannachd agus iomadachd a tha orra agus gun obraich iad gu cunbhalach, gu proifeiseanta agus le spèis anns gach suidheachadh.

A' brosnachadh co-ionannachd, iomadachd agus in-ghabhaltachd ann an libhrigeadh nan seirbheisean againn

Is e ar n-amas a bhith a' cruthachadh:

- fiosrachadh gu leòr do luchd-siubhail le fiosrachadh air an làraich-lìn againn airson gach fear de na puirt-adhair againn air an làn fharsaingeachd de sheirbheisean a tha rim faighinn do luchd-siubhail le feumalachdan a bharrachd, duilgheadasan ionnsachaidh agus bacaidhean air gluasad.
- àrainneachd phuirt-adhair fhàilteach far a bheilear a' toirt air falbh cnapan-starra agus far a bheil turas an luchd-siubhail cho sgiobalta 's a ghabhas.
- àrainneachd in-ghabhalach dhan h-uile duine le bhith a' leasachadh ghòireasan do luchd-siubhail ciorramach agus dhaibhsan le feumalachdan a bharrachd gus cur ri urram agus prìobhaideachd aig na puirt-adhair gu lèir againn.

Tha am fòcas againn air cùram customair na eileamaid ro-chudromach de shoirbheas, a tha a' brosnachadh gach neach-obrach a bhith mothachail air feumalachdan is beachdan customair is cliant le bhith a' toirt seachad seirbheis sgiobalta, èifeachdach agus cothromach agus a bhith a' fuasgladh duilgheadasan a tha a' toirt buaidh orra.

Luachadh agus Measadh

Cuidichidh a bhith a' sgrùdadh agus a' luachadh na ro-innleachd Co-ionannachd, Iomadachd is In-ghabhaltach againn le bhith ag cur ri èifeachdas nam poileasaidhean, cleachdaidhean agus seirbheisean againn.

Leigidh seo leinn na h-eadar-theachdan agus an taic a tha air an toirt seachad do bhuidhnean sònraichte a dhealbhadh. Ni sinn sgrùdadh air an fhiosrachadh uile a gheibhear, a' gabhail a-steach:

Dàta Uimhireil

Atharrachadh luchd-obrach

Cùisean gearain luchd-obrach

Molaidhean agus Gearanan nan custamairean

Measadh càileachdail

Toraidhean suirbhìdh bliadhna an luchd-obrach

Fios air ais agus conaltradh bho luchd-obrach tro eadra-lìon an luchd-obrach

Beachdan air ais bho Chomataidhean

Co-chomhairleachaidh nam Port-adhair

Dàta bhon t-siostam customair *Feedback Now*

Cumaidh sinn oirnn a bhith a' dèanamh comas eadar HIAL agus buidhnean eile a tha ag obair le frèam agus inbhe Creideas nar Cosnaidhean agus feuchaidh sinn ri barrachd aithne fhaighinn bhon sgeama.

A' cur crìoch air Inneal Taic an Fhastaiche airson Obair Chothromach.

